

Am Piobaire Breac agus Da Sgeul Eile

eadar-theangaichte o'n Bheurla

le

Eoin G. Mac Phionghuin (MacKinnon : J.G.)

Car.
MacKinnon, J. G.¹⁰

AM PIOBAIRE BREAC

AGUS DA SGEUL EILE

EADAR-THEANGAICHTE O'N BHEURLA LE

E. G. M. F.



Thainig na tri sgeulan beaga so a duthchannan cein:
a' cheud sgeul—le cead na cuideachd—as a' Ghearnailt;
an dara sgeul a Ruisia; agus an treas sgeul
as a' Ghreig.



SYDNEY, C. B.
PRINTED BY DON. MACKINNON
1919

PS 8525
K5375
A52
1919

P***

AM PIOBAIRE BREAC

CORR is coig ceud bliadhna roimhe so, bha Hamelin 'na bhaile mor, mais-each, suidhichte ri taobh abhainn bhriaghba ruith sios tre 'n duthaich, a' cheart aite 'san saoileadh tu gu'm biodh a h-uile neach sona. Ach bha aon ni a' fagail an t-sluaign an-shocrach. Bha plaign de radain 'sa bhaile—radain thall, radain a bhos, radain anns gach toll agus cuil. Cha deanadh na bha de choin 's de chait 's an duthaich an gnothuch air cur as daibh.

Bha na radain air fas gle dhana, agus bha 'n sluagh uile air an oillteachadh rompa. Bhiodh iad a greimeadh nam paisdean anns a' chreathair, agus ag ithe a' bhidh mu'n gann a gheibhte 'dheasachadh. 'Nuair thigeadh na fir dhachaidh as an eaglais 's a chuireadh iad an adan Sabaid an gleidheadh, bhiodh na radain a' deanamh nead annta fad na seachduin. Agus 'nuair bhiodh na mnathan air cheilidh, 's a' conaltradh gu cairdeil, bu mhinig a chuireadh sgiamhal nan radan stad air gach feala-dha is cridhealas a bhiodh aca.

Mu dheireadh thall bha coinneamh aig muinntir a' bhaile dh'fheuch ciod e ghabh-

adh deanamh air son faighinn cuibhteas na radain. Bha 'n fhearg a' dalladh an t-sluaigh a chionn nach robh an t-ard-bhaillidh agus daoin-uaisle na comhairle a' deanamh doigh sam bith air na radain a sgiur-sadh air falbh; ach mar a's tric a thachair bha 'n t-ard bhaillidh agus na daoine eile bha comhla ris anns a' chomhairle air fas sean, agus reamhar, agus leisg.

An deigh coinneamh an t-sluaigh, bha coinneamh aig a' chomhairle, agus bha an t-ard-bhaillidh a' tachas a chinn feuch am b'urrainh da doigh no innleachd fhaighinn air na radain a chur air falbh. 'Nuair bha iad uile 'labhairt mu'n ghnothuch a bh'ann, agus a' guidhe gu'n deilbheadh cuid-eigin ribe cheart airson na radain a ghlacadh 's a mharbhadh, chualas gnog beag seimh aig an dorus.

"Teasraig mise!" ars an t-ard-bhaillidh, "ciod e tha 'n sud?" Theagamh gu'n do smaoinich e gu'm b'iad na radain a bh'air tighinn a chur stad air an cuid innleachdan. Ach ged chuir an gnog clisgeadh gu leor air, chaidh aig air eibheach, "Thig a stigh!"

Dh'fhosgladh an dorus, agus choisich a stigh an aon duine bu neonaise chunn-aic iad riamh. Bha e caol, ard, agus sgead-ichte ann an cota fada, breac, dearg agus

buidhe, a bha ruigheachd sios gu shailtean.
Bha a shuilean anabarrach beag, agus cho
biorach ri da shnathaid, agus bha fiamh-
ghaire air 'aodann gun fhalcadh dheth.

Choisich e air adhart dh'ionnsuidh a'
bhuirid aig an robh iad na'n suidhe, agus
bhruidhinn e gu modhail, siobhalta,—

"Ma's e ur toil e, a dhaoin-uaisle, is
aithne dhomhsa doigh dhiomhair leis an
urrainn domh a tharruing a'm ionnsuidh fein
gach creutair aig am bheil comas ruith no
snamh no itealaich."

"Nuair bha e 'g radh so, thug iad fa-near
gu'n robh aige 'n crochadh m'a mhuineal
uidheam bheag coltach ri feedan pioba.

Chaidh e air adhart a' labhairt, "Is e am
Piobaire Breac a their iad riumsa, agus le
ceol mo phioba theid agam air gach creut-
air a bhios a' cur dragh air daoine a thoirt
air falbh. Ma bheir sibh dhomhsa ceud
punnd, bheir mi air falbh a h-uile radan a
tha 'sa bhaile."

Mu'n gann a bha na facail as a bheul,
fhreagair an t-ard-bhaillidh, "Ma ni thusa
sin, bheir sinn dhut, cha'n e ceud punnd,
ach a leth-cheud uiread sin,—coig mile
punnd!"

Chaidh am Piobaire Breac a dh'obair
gun dail. Ghabh e mach air an t-sraid 's

fiamh-ghaire air 'aodann. Bha a shuilean a' priobadh mar na rionnagan, agus bha boillsgidhean iongantach soluis ri fhaicinn a' tigh'nn asda. An sin thug e lamh air an fheadan, agus mu'n gann a' thoisich e ri cluich, thainig a h-uile radan a bha 'sa bhaile a' bigeil 's a' leumnaich os deigh a' Phiobaire Bhric. Bha iad 'na leithid de chabhaig a' leantuinn a' chiuil 's gu'n robh iad a' tuiteam thairis air a cheile mar bha iad a' ruith. Thainig iad uile, na radain bheaga 's na radain mhora, na radain reamhar 's na radain chaola, na seann radain 's na radain oga, radain dhubha 's radain dhonna, 's radain ghlasa.

Shiubhail am Piobaire tre uile shraidean a' bhaile, a' cluich 's a sior-chluich, agus bha aireamh nan radan a bha 'ga leantuinn gach mionaid a' fas na bu mhotta. 'Nuair bha e dearbh chinnteach gu'n robh iad uile 'na dheigh, choisich e sios dh'ionnsuidh na h-aibhne, a' cluich gun lasachadh. Choisich e direach dh'an uisge, agus leum na radain dh'an uisg' os a dheigh agus chaidh am bathadh.

Cha d'fhuair as le 'bheatha ach aon radan. Shnamh esan gu taobh thall na h-aibhne, agus an ceann uine rainig e duthaich nan radan, agus dh'innis e do na

radain an sin mar a thachair. A reir a sgeoil-san, cho luath 's a chual e 'n ceol a bha 'm Piobaire 'deanamh, bha e faireachadh faileadh gach seorsa bidh a b'fhearr na cheile. Bha e lan chinnteach gu'n robh cuirm mhor a' feitheamh air, agus bha iad uile 'na leithid de chabhaig 's nach do smaoinich iad idir air an abhainn, agus mar sin ghabh iad rompa dh'an uisge gun mhothachadh sam bith air an cunnart, agus chaidh iad a dhith.

II

FAODAR a thuiginn gu'n robh muinn-tir a' bhaile anabarrach toilichte a chionn gu'n robh na radain air an toirt air falbh buileach glan. Thoisich iad air bualadh chlag nan eaglaisean, agus lean iad 'g am bualadh gus an robh gach stiobull anns a' bhaile air chrith leis an fhuaim. Lion iad na tuill anns am b'abhaist do na radain a bhi 'm falach, għlan iad air falbh an cuið nead as gach aite 'san robh iad, agus dh'fheuch iad ri leigeil a cuimhne gu'n robh radan riamh 'sa bhaile.

Bha iad uile gu trang ris an obair sin 'nuair thainig am Piobaire Breac a nios do aite 'mhargaidh, agus a dh'iarr e a dhuais air an ard-bhaillidh. Is co math innse

ann an so nach robh anns an ard-bhaillidh agus annta-san a bha 'sa chomhairle comhla ris ach daoine suarach, spiocach. Bha iad air faighinn cuibhteas na radain, ach cha robh iad toileach gu'm faigheadh am Piobaire faisg air uiread airgid 's a gheall iad a thoirt dha. Thuirt an t-ard-bhaillidh nach robh esan ach a' deanamh spors 'nuair a thairg e coig mile punnd dha, agus nach paigheadh e sgillinn a bharrachd air coig puinnd.

Ach cha robh iad a' dol a thoirt car as a' Phiobaire air an doigh sin idir. "Na bithibh a' deanamh magadh sam bith ormsa," ars esan; "cha'n urrainn domh bhi feitheamh. Mu mheadhon-latha tha agam ri bhi ann am bail eile mile de mhiltean air falbh. Cha ghabh mi na's lughna na 'n t-suim a dh'iarr mi oirbh; agus ma chuireas sibh fearg orm, cluichidh mi am feadan air seol eile."

"Seadh, gu dearbh!" ars an t-ard bhaillidh; "an ann a toirt taire dhuinne tha thu? Am bheil thu smaoineachadh gu'n cuir do chuid bagairtean eagal oirnne? Faodaidh tu t' fheadan a chluich gus an sgain e, ma thogras tu fhein!"

Cha tuirt am Piobaire facial tuilleadh, ach thug e mach am feadan agus thoisich

e ri cluich port tiamhaidh, annasach, cho fior annasach 's cho neonach 's gu'n do ghrad sheas an t-ard-bhaillidh 's an sluagh uile ag eisdeachd, gun chothrom gluasaид.

Cha robh e fada cluich 'nuair a thoisich a' chlann ri tighinn a mach as na taighean anns gach cearna de'n bhaile, a' ruith 's a' leum, cho luath 's cho mear 'sa bhiodh iad a' fagail na sgoile. Cha robh duine cloinne nach d'thainig, an fheadhain mhor 's an fheadhain bheag, agus bha an fheadhain bu mhotha a' giulan nam paisdean. Bha an t-ard-bhaillidh 's an sluagh uile air am fagail mar bhalbhain, agus iad gun chomas carachadh as an aite 'san robh iad.

Bha chlann air bhoil leis cho math 's a bha ceol binn a' Phiobaire 'cordadh riutha, agus dh 'fhalbh iad os a dheigh, a' dannsa 'sa cleasachd mar nach robh iad riamh cho sona. Ghabh iad air an adhart gus an d'rainig iad beinn ard a bha faisg air cul a' bhaile. Air dhaibh a ruigheachd, gu grad-ealamh dh'fhosgail uamh mhor an taobh na beinne; choisich am Piobaire stigh, agus lean a' chlann e. Cha bu luaithe bha iad a stigh na dhuin beul na h-uamha, agus bha slios na beinne direach mar bha e roimhe.

Bha aon ghille beag, anns an robh ceum crubaiche, agus do nach b'urrainn cumail suas ri cach, air fhagail a muigh, 's mar sin chaith e air ais do'n bhaile. An deigh dha dhol dachaith bha e 'g innse do'n t-sluagh mar a thachair do'n chloinn eile, agus bha e 'g radh 'nuair a thoisich am Piobaire air cluich an fheadain gu'n robh an ceol, mar gu'm b' eadh, a' toirt fa chomh-air duthaich far an robh measan sughmhor a' fas agus eoin bhoidheach a' ceilearadh, agus bha e fo mhulad mor a chionn nach d'fhuair e air falbh cuide ri cach.

Agus a nise bha chlann uile air falbh. Nach smacainich sibh fein cia cho aonranach 'sa bhiodh baile gun chloinn! Bha na h-athraighean 's na mathraighean fo bhrön 's fo mhulad mor, agus sin uile air saileabh an t-ard-bhaillidh a bhi cho spiocach 's cho mi-onorach 's nach do sheas e ris a' chordadh a bha eadar e fhein 's am Piobaire.

Nuaир chunnaic e mar a thachair le choire fhein, chuir an t-ard-bhaillidh daoine mach, an ear 's an iar, a tuath 's a deas, a shireadh a' Phiobaire. Ach cha d'fhuaradh riamh e, agus cha do thill a chlann gu brath tuilleadh. Air an aobhar sin chuir an sluagh suas carn-cuimhne, agus sgriobh iad air a chloich sgeul toirt air falbh na cloinne:

agus rinn iad lagh cruaidh nach ceadaich-eadh do neach sam bith feadan a chluich anns a' bhaile sin fhad 'sa mhaireadh an saoghal.

Astar mor air chul nam beann, anns an airde deas, thatar ag innse gu bheil a comhnuidh sluagh aig am bheil cleachdaidhean is fasanan nach eil coltach idir ri cleachdaidhean is fasanan an coimhairsnach. Tha'n sluagh sin ag radh gu'n d'thainig an sinnsirean a mach a priosan iongantach a bha fo'n talamh, far an robh iad air an cumail uine mhor. Roimhe sin bha iad a' fuireach ann am baile Hamelin, ach ciamar no car-son a chaidh an toirt air falbh as cha b'urrainn do neach dhiubh innse.

AM BAIGEIR 'S AM FORTAN

BHA baigeir latha bha sud a' falbh mu'n cuairt, ag ialaidh gu mall 's gu crubach bho thigh gu tigh. Bha seann mhaileid aig air a dhruim anns an robh e 'giulan nan caochladh ghibhtean a bha daoine 'toirt dha; agus cha robh tigh, beag 's gu'm bitheadh e, anns nach robh e 'taghal.

Mar a bha e 'gahhail air adhart, bha e gun tamh a' gearan a chor, agus farmad aige ris a' mhuinnitir a bha na b'fhearr

12 AM BAIGEIR 'S AM FORTAN

dheth na'n crannchur na bha e fein. Bha annas mor aige dhe na daoine a bha 'n deigh saibhreas gu leor a chur cruinn, agus an deigh sin nach robh riaraichte mur b'urrainn daibh tuilleadh a chur 'na cheann.

"Faic thusa fear an taighe so," ars esan ris fhein; "is aithne dhomhsa gu math e. Bha e riamh math an ceann gnothuich, agus rinn e duin' anabarrach beairteach dhe fein o chionn fhada. Na'm biodh e air bhi 'na dhuine glic, bha e aic' bhi riaraichte leis na bh'aige; dh'fhaodadh e bhi gun dith, gun deireas fhad 's bu bheo e.

"Ach an aite sin ciod e rinn e. Chaidh e dh'obair 'ga dheanamh fein na b'fhior bheairtiche. Thoisich a air togail shoithichean 's air an cur air falbh a mhalaирt ann an duthchannan cein. Bha e an duil 's an dochas gu'n cruinnicheadh e cruachan oir g'a ionnsuidh fein. Sin mar tha na daoine saibhir an comhnuidh; a dh'ain-deoin 's na gheibh iad cha'n fhaic iad gu brath gu'm bi gu leor aca.

"Gle mhath ma ta; seall a nise ciod a thachair. Bha stoirmeanan mora air a chuan. Bha na soithichean aig air am bristeadh, agus bha gach bathar fiachail a bha air bord aca air a shlugadh suas leis na tuinn. Tha a dhochasan uile na'n laidhe

air grunnd a' chuain; tha a bheairteas mor air dhol a sealladh mar aisling. Bha e 'na dhuine bear teach agus an deigh sin cha chreideadh e gu robh e bear teach gu leor; tha e nise 'na dhuine bochd, 'na dhuine bochd da-rireadh.

"Tha daoin' ann nach bi riaraichte gu brath mur urrainn daibh an saoghal mor ainmeachadh orra fein. Tha iad a ghnath a' stri air son tuilleadh, agus a' cur na tha aca a cheana ann an cunnart a' feuchainn ri'm pailteas a mheudachadh. Air mo shon fein dheth na'm biodh biadh agam ri ithe agus aodach ri chur umam, cha'n iarrainn gu brath an corr."

Air a' cheart mhionaid bha am Fortan a' dol seachad sios an t-sraid. Chunnaic e am baigeir, agus thainig e air ball a nuas far an robh e.

"Cluinn so!" ars esan. 'S fhada o'n bha toil agam do chuideachadh, agus a nise tha mi ullamh gu sin a dheanamh. Chuala mi gach gearan a rinn thu, agus tha mi toileach ni sam bith a thoirt dhut a chanas tu fhein a tha dhith ort air son do dheanamh cho sona 's a tha'n latha cho fad—gu leor air son biadh is aodach a chumail riut fhad 's a's beo thu.

14 AM BAIGEIR 'S AM FORTAN

"Cum do mhaileid an so, ma ta, agus
doirtidh mise roinn dhe m' chuid oir innte,
ach air aon chumhnant; na theid anns a'
mhaileid, bidh e 'na or fiorghlan, ach a
h-uile bonn a thuiteas air an lar theid e 'na
dhuslaich. An gabh thu an taigse sin?"

"Gabhaidh, gu ro-thoileach," ars am
baigeir.

"Thoir do cheart aire, ma ta," ars am
Fortan. "Tha a' mhaileid agad sean; feuch
nach lion thu ro lan i."

Bha an seann duine cho gionach 's nach
tug e cluas do'n rabbadh sin. Dh'fhosgail
e a' mhaileid, chaidh e air a għluinean fa
chomhair an Fhortain, agus bha shuil a
leum as a cheann mar bha an sruth de
bhonnan buidhe a' dortadh innte a Adharc
iongantach a' Phailteis.

Cha b'fhada gus 'n do thoisich a' mhail-
eid air fas trom.

"Am bheil gu leor an sin?" dh' fheoraich
am Fortan.

"Cha'n eil fhathast," ars am baigeir.

"Ach thoir fa-near a' mhaileid—tha mi
'ga cluinntinn a' sracadh."

"Cha churam dhi; feuch beagan eile."

Bha lamhan a bhaigeir a' crith. Ah,
na'n leanadh an sruthan oir ud air ruith
gu brath.

"Tha thu nise na do dhuine beairteach," ars am Fortan, a' stad car tiotaidh. "Cha chum a' mhaileid an corr; tha i gu sgaineadh."

"Cha'n eil, cha'n eil; cumaidh i beagan bhonn a bharrachd; thoir dhomh lan duirn eile."

A nuas thainig na bonnan oir a bha e 'sanntachadh—aon an deigh aoin; chunntais e iad mar a thuit iad—agus an sin ghrad sgoilt a mhaileid fo'n chudthrom; chaidh an t-iomlan dhe'n ionmhas bhuidhe a dhortadh air an lar, agus ann am priobadh na sula bha gach bonn dheth air a thionndadh gu duslaich. Chaidh am Fortan a sealladh aig an am cheudna. Am baigeir a bha o chionn mionaid 'na dhuine beairteach, bha e nise gun ni ach maileid fhalamh, agus i sin fhein air a sracadh o beul gu mas.

A' GHAOTH AGUS A' GHRIAN

DH'EIRICH connsachadh uair eadar a' ghaoth agus a' ghrian a thaobh neart, gach aon a mathachadh gu'm b' i-fein bu treise. Aig a cheart am bha coisiche gabhail an rathaid, agus air son a' cheist fhuasgladh dh'aontaich iad eatorra

16 A' GHAOTH AGUS A' GHRIAN

fein gu'm feuchadh iad ri toirt air a' choisiche a chleoca chur dheth, agus gu'm b'e an t-aon bu lualithe bheireadh air sin a dbeanamh an t-aon bu laidire.

Thoisich a' ghaoth le spairn mhor air seideadh 's air seideadh cho fuar 's cho coimheach 's gu'n tainig coltas na gaillinn air an speur; ach mar bu mhotha sheideadh i 's ann bu dluithe phaisgeadh an coisiche 'n cleoca mu thimchioll agus bu teinne dheanadh e greim air 'na lamhan.

An sin thainig a' ghrian ris, agus le gathan tlatha dh'fhuadaich i air falbh an ceo 's am fuachd; dh'fhairich an coisiche caoineas a blathais, agus air do'n ghrein a bhi sior dhearsadh air, chaidh e 'na fhallus agus thilg e an cleoca air an lar.

Air an doigh sin chaidh a' bhuaidh leis a' ghrein; agus riamh uaithe sin tha e air a mheas gur fhearr comhairle chiuin na cronachadh garg; agus gu'n dean caoimheas agus cairdeas, coltach ri blathas na greine, cridheachan dhaoine fhosgladh ni's lualithe na ni bagradh agus lamhachas-ladir.—Aesop.

